

An Greusaiche agus na Sithichean




An teacs a Margaret Nash
Na dealbhan Anna C Leplar
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Uair a bha siud bha greusaiche bochd ann.
Cha robh leathar air fhàgail aige airson brògan
a dhèanamh agus cha robh òr aige airson
leathar a cheannach. Mar sin dhùin e a' bhùth
aige agus chaidh e dhachaigh.





“Dè nì mi?” thuir e ri bhean.

Chuir a bhean a làmh fo ghàirdean.

“Thig rudeigin math thugainn fhathast,”
thuir ise.

“Fuirich agus chì thu.”





An ath latha dh'fhalbh an greusaiche
agus a bhean gu brònach dhan bhùth.





Dh'fhosgail an greusaiche an doras agus
leig e èigh às.

“Seall” dh'èigh e ri bhean.

“Bheil thu a' faicinn an rud tha mise a' faicinn?”

“Brògan!” thuirt ise. “Tha mi a' faicinn bhrògan.”





Chomhead an greusaiche ri na sàilean.

Chomhead e ri na sròinean.

“Tha iad math,” thuir e.

“Tha iad cho math ri na brògan a rinn mi fhèin.

Ach cò rinn iad? Cò?”





An sin thàinig seann duine a-steach dhan bhùth.
“Tha mi ag iarraidh na brògan sin a cheannach,”
thuirt e.

“An gabh thu òr air an son?”


“Gabhaidh gu dearbh,” ars an greusaiche.

“Agus tapadh leibhse.”





Chaidh an greusaiche
a cheannach leathar
leis an òr.



Chaidh e air ais dhan
bhùth agus gheàrr e
a-mach tuilleadh
bhrògan.



An uair sin dh'fhalbh e
dhachaigh.





An ath latha chaidh an greusaiche agus a bhean dhan bhùth. Dh'fhosgail an greusaiche an doras agus cha chreideadh e a shùilean.

“Seall!” thuirte e ri bhean. “Bheil thusa a’ faicinn an rud tha mise a’ faicinn?”

“Brògan!” ars ise. “Tha mi a’ faicinn bhrògan.”





An sin thàinig seann bhoireannach a-steach dhan bhùth.

“Tha mi ag iarraidh na brògan sin a cheannach,” thuirt i.

“An gabh thu òr air an son?”

“Gabhaidh gu dearbh,” arsa an greusaiche.

“Agus tapadh leibhse.”





Agus sin mar a bha, latha às dèidh latha ...
Cheannaich an greusaiche tuilleadh agus
tuilleadh leathair.

Gheàrr e mach tuilleadh bhrògan agus chaidh
e dhachaigh.



An ath latha nuair a chaidh e air ais dhan
bhùth bha tuilleadh bhrògan an sin – tòrr
mòr bhrògan.






Aon latha thuir an greusaiche ri bhean,
“Nis tha poitmhòr òir agam agus tòrr bhrògan
ach tha mi airson faighinn a-mach cò tha
a’ dèanamh nam brògan dhomh.”

“Nach fhaigh sinn a-mach a-nochd,”
thuir e ri bhean.

“Falaichidh sinn fon bhòrd.”

Agus sin a rinn iad.





An oidhche sin nuair a bha an greusaiche agus a bhean fon bhòrd, chunnaic iad dithis dhaoine beaga bìodach.

Leum na daoine beaga air a' bhòrd.

“Seall!” ars an greusaiche ri bhean.

“Sìthichean! Tha iadsan a' dèanamh nam brògan.”







An ath latha thuir an greusaiche ri bhean,
“De nì sinn airson taing a thoirt dha na
sìthichean?”

“Nach dèan sinn aodach dhaibh,” ars a bhean.

Rinn an greusaiche agus a
bhean aodaichean beaga
dha na sìthichean.

An uair sin chuir iad an
t-aodach air a’ bhòrd agus
chaidh iad dhachaigh.





An oidhche sin nuair a chunnaic na
sithichean an t-aodach bha iad cho
toilichte ris an rìgh.

Chuir iad orra an t-aodach agus dhanns
agus leum iad air feadh an àite. An uair
sin ruith iad air falbh a' gàireachdainn
agus cha do thill iad tuilleadh.





Bha an greusaiche toilichte cuideachd.
Bha tòrr mòr òir aige airson leathar gu leòr
a cheannach. Dhèanadh e brògan a-rithist.
Chuir a bhean a làmh na achlais.
“Seall a-nis!” thuirt i ris.
“Nach tàinig rudeigin math thugainn!”

